


Òrain Na Cloinne Bige



University of the
Highlands and Islands
Lews Castle College

Oilthigh na Gàidhealtachd
agus nan Eilean
Colaisde a' Chaisteil





Chaidh Òrain na Cloinne Bige 2 a chlàradh aig Colaiste Chiùil Bheinn na Faoghla anns an Fhaoilleach 2017 bho stiùireadh Anna Wendy Stevenson. Rinn Linda NicLeòid an obair rannsachaidh agus bha i an sàs gu mòr anns na clàraidhean agus 'b e Matheu Watson a bha na stiùiriche ciùil. 'B iad na seinneadairean: Annabella NicRisnidh, Jordan Mac an t-Saoir, Eva Lowe, Abby Chaimbeul agus Ailsa NicFhionguin. Taing mhòr gu na leanas airson cead a thoirt seachad na h-òrain aca a chleachdadh anns a' ghoireas seo:

Anna Latharna NicGilliosa

Acair

Alasdair Codona

Ceana Chaimbeul

Ceitidh Mhoireasdain

Kirsteen Ghreumach

Lisa Storey

Annot NicAonghais

Flòraidh NicChoinnich

Taing gu na buidhnean maoinichaidh: Bòrd na Gàidhlig, Comhairle nan Eilean Siar agus Stòras Uibhist.



Goireas taic airson pàrantan agus luchd-teagaisg airson
a dhol an cois Òrain na Cloinne Bige 2.

Teaching and learning aides for parents and educational
practitioners to accompany Òrain na Cloinne Bige 2.



Clàr-amais

1	Am Post	36	Nead na Lacha sa Luachair
4	Aon Chorràg Bheag	39	Seas suas dìreach, sìn suas àrd
8	Bai ù ohò	42	Seo mo bhaga
11	Bàta Sheumais	45	Sneachda Geal a' Tuiteam
15	Bùs Mòr	48	Sum, sum, sum ars' an rocaid
19	Coig bonnaich bheaga	51	Tha bonaid orm a-nis
23	Cuir do làmhnan air do cheann	54	Tha mise mòr; tha luchag beag
27	Hò, hò, hò ars an cat mòr glas	57	Trèan ann an cabhaig, ò tha!
30	Huis Huis Air an Each	62	T-ring, t-ring cò tha siud?
33	Itean Penelope	65	Bodach Mòr na Nollaig



Tha am post an seo le litrichean,
Le litrichean, le litrichean.
Tha am post an seo le litrichean,
Is bogsa mòr trom.

Bogsa mòr, mòr, trom,
Bogsa mòr, mòr, trom,
Bogsa mòr, mòr, trom.
Saoil dè th' ann? Saoil dè th' ann?

Tha mi smaoinichadh gu bheil suiteas ann,
Gu bheil suiteas ann, gu bheil suiteas ann.
Tha mi smaoinichadh gu bheil suiteas ann.
'S e mo chò-là-breith a th' ann.

Bogsa mòr, mòr, trom,
Bogsa mòr, mòr, trom,
Bogsa mòr, mòr, trom.
Saoil dè th' ann? Saoil dè th' ann?



Sit facing your child with their palm stretched out facing upwards

As you sing the verse tap your child's hand in time to the music as if you are giving them a letter or a sweetie as in verse 2.

Stretch your arms out wider and wider as you sing 'Bogsa mòr, mòr, trom.'

Group activity

Stand in a circle.

Stretch a piece of lycra or material between yourselves and move it in time to the music.

When you reach the chorus stretch the lycra as wide as you can singing 'Bogsa mòr, mòr, trom.'


Stand in a smaller circle as you begin the next verse and then stretch it outwards again for the chorus.

Inbheach agus leanabh

Suidh mu choinneamh an leanabh le na boisean aca an àirde

Nuair a tha thu a' seinn na rannan gnog làmh an leanabh ann an tìm ris a' cheòl, mar gum biodh tu a' toirt litir no siùcar dhaibh (mar Rann 2).

Sgaoil do ghàirdeanan a-mach nas fharsainge agus nas fharsainge nuair a tha thu a' seinn 'Bogsa mòr, mòr, trom'.



Gnìomh buidhne

Seas ann an cearcall.

Sìn a-mach siota mòr no pìos lycra eadar gach duine agus gluais e ann an tìm ris a' cheòl.

Nuair a ruigeas tu an t-sèist dragh a-mach am pìos lycra cho farsaing sa ghabhas a' seinn 'Bogsa mòr, mòr, trom'.

Seas ann an cearcall nas lugha nuair a thòisicheas tu a' seinn an ath rann agus rach a-mach nas fharsainge a-rithist airson an sèist

Experiences & Outcomes

Expressive arts

EXA 0-16a

Gaelic (learners)

LGL 0-01a / LGL 0-05a / LGL 0-07a / LGL 0-08a

LGL 0-02a

Literacy and Gàidhlig

LIT 0-01a / LIT 0-11a / LIT 0-20a

LGL 1-05a

Health and wellbeing

HWB 0-50a / HWB 1-50a





Aon chorràg bheag, aon chorràg bheag,
Aon chorràg bheag a' dol brig, brig, brag.
Suas gu h-àrd, sìos chun an làir
Cuir i air do ghlùin.

Dà chorràig bheag, dà chorràig bheag,
Dà chorràig bheag a' dol brig, brig, brag.
Suas gu h-àrd, sìos chun an làir
Cuir iad air do ghlùin.

Trì corragan beaga, trì corragan beaga,
Trì corragan beaga dol brig, brig, brag.
Suas gu h-àrd, sìos chun an làir
Cuir iad air do ghlùin.

Ceithir corragan beaga, ceithir corragan beaga,
Ceithir corragan beaga dol brig, brig, brag
Suas gu h-àrd, sìos chun an làir
Cuir iad air do ghlùin.

Còig corragan beaga, còig corragan beaga,
Còig corragan beaga dol brig, brig, brag
Suas gu h-àrd, sìos chun an làir
Cuir iad air do ghlùin.

Sia corragan beaga, sia corragan beaga,
Sia corragan beaga dol brig, brig, brag
Suas gu h-àrd, sìos chun an làir
Cuir iad air do ghlùin.

Seachd corragan beaga, seachd corragan beaga,
seachd corragan beaga dol brig, brig, brag
Suas gu h-àrd, sìos chun an làir
Cuir iad air do ghlùin.

Ochd corragan beaga, ochd corragan beaga,
Ochd corragan beaga dol brig, brig, brag
Suas gu h-àrd, sìos chun an làir
Cuir iad air do ghlùin.

Naoi corragan beaga, Naoi corragan beaga,
Naoi corragan beaga dol brig, brig, brag
Suas gu h-àrd, sìos chun an làir
Cuir iad air do ghlùin.

Deich corragan beaga, deich corragan beaga
Deich corragan beaga dol brig, brig, brag
Suas gu h-àrd, sìos chun an làir
Cuir iad air do ghlùin.

Adult and child

Aon Chorràg Bheag

Follow the words of the song starting with one little finger.

Wiggle your finger, point up high, then touch the ground and then put it on your knee as the song suggests.

In the next verse start with 2 fingers doing the same movements and continue by adding a new finger with each verse until you have used all 10 fingers.

Group activity

Stand in a circle as you sing.

Follow the words of the song starting with one little finger.

Wiggle your finger, point up high, then touch the ground and then put it on your knee as the song suggests.


In the next verse start with 2 fingers doing the same movements and continue by adding a new finger with each verse until you have used all 10 fingers.

Inbheach agus leanabh

Lean faclan an t-òrain a' tòiseachadh le aon chorràg bheag.

Gluais do chorràg, suas cho àrd sa ghabhas, agus suath an làr agus an uairsin do ghlùin mar a tha ri chluinntinn anns an t-òran.

Anns an ath rann tòisich le dà chorràg a' dèanamh na h-aon ghnìomhan. Dèan seo gu mu dheireadh tha thu air na deich chorràgan a chleachdadh.



Gnìomh buidhne

Seas ann an cearcall fhad `s a tha thu a' seinn.

Lean faclan an t-òrain a' tòiseachadh le aon chorràg bheag.

Gluais do chorràg, suas cho àrd sa ghabhas, agus suath an làr agus an uairsin do ghlùin mar a tha ri chluinntinn anns an t-òran.

Anns an ath rann tòisich le dà chorràg a' dèanamh na h-aon ghnìomhan. Dèan seo gus mu dheireadh tha thu air na deich chorràgan a chleachdadh.

Gaelic (learners)

LGL 0-01a / LGL 0-05a / LGL 0-07a / LGL 0-08a
LGL 0-02a

Literacy and Gàidhlig

LIT 0-01a / LIT 0-11a / LIT 0-20a
LIT 0-01c


Health and wellbeing

HWB 0-47b / HWB 1-47b

Number, money and measure

MNU 0-01a

Experiences & Outcomes



Bai ù ohò



Bai ù ohò
Bai ù ohò
Bai ù ohò
Bai ohò bà

Cha bhi mise bhuat,
Cha bhi mise bhuat,
Cha bhi mise bhuat,
Mach air uair no dhà.

Gheibh thu bainne bhuam
Gheibh thu bainne bhuam
Gheibh thu bainne bhuam
Chan ann fuar ach blàth.

Caidil thusa, luaidh
Caidil thusa, luaidh
Caidil thusa, luaidh
Is na gluais gu là.

Adult and child

Bai ù ohò

Hold your child in your arms.

Rock gently to and fro from side to side in time to the music.

Sing to your child as you rock them.

Group activity

Stand in a circle and stretch out a piece of lycra material between you.

Place a teddy on the lycra and rock it gently from side to side in time to the music.

Hold a teddy in your arms and rock it as you sing.

Inbheach agus leanabh

Cùm grèim air do leanabh na do ghàirdeanan.

Gu socair, gluais bho thaobh gu taobh ann an tìr ris a' cheòl.

Seinn an t-òran fhad 's a tha thu a' gluasad.



Gnìomh buidhne

Seas ann an cearcall agus sìn a-mach pìos lycra eadar a h-uile duine sa bhuidheann.

Cuir teadaidh dhan a' mheadhan agus gluais e, gu socair, bho thaobh gu taobh ann an tìr ris a' cheòl.

Gabh grèim air teadaidh na do ghàirdeanan agus gluais gu socair nuair a tha thu a' seinn.

Expressive arts

EXA 0-16a

EXA 0-08a

EXA1-17a

Gaelic (learners)

LGL 0-01a / LGL 0-05a / LGL 0-07a / LGL 0-08a

LGL 0-02a

Literacy and Gàidhlig

LIT 0-01a / LIT 0-11a / LIT 0-20a

No 0-1C

Health and Wellbeing


HWB 0-50a / HWB 1-50a

HWB 0-51a / HWB 1-51a

Experiences & Outcomes



Bàta Sheumais



Bàta Sheumais a' seòladh gu Barraigh
Bàta Sheumais is Seumas air bòrd
Bàta Sheumais a' seòladh gu Barraigh
Bàta Sheumais is Seumas air bòrd.

Bàta bìodach, bàta bòidheach
Bàta brèagha, bàt' aig a' bhodach bhoichd
Bàta dìreach, bàta deònach
Bàta Sheumais is Seumas air bòrd.

Bàta Sheumais tighinn dhachaigh gu Leòdhas
Bàta Sheumais is Seumas air bòrd
Bàta Sheumais tighinn dhachaigh gu Leòdhas
Bàta Sheumais is Seumas air bòrd.



Bàta bìodach, bàta bòidheach
Bàta brèagha, bàt' aig a' bhodach bhoichd
Bàta dìreach, bàta deònach
Bàta Sheumais is Seumas air bòrd.

Bàta Sheumais chaidh fodha air Rònaidh
Bàta Sheumais is Seumas air bòrd
Bàta Sheumais chaidh fodha air Rònaidh
Bàta Sheumais is Seumas air bòrd.

Bàta bìodach, bàta bòidheach
Bàta brèagha, bàt' aig a' bhodach bhoichd
Bàta dìreach, bàta deònach
Bàta Sheumais is Seumas air bòrd.

Fill a basin of warm water and place a little boat in it.

Move the boat around the water as you imagine Bàta Sheumais sailing home to Lewis

Hold the child and rock them from side to side in time to the music.

Group activity

Stand in a circle holding hands.

Sway from side to side starting right to left in time to the music.

Stand still for the chorus and choose one child to weave in and out of the standing children, like the Captain of Bàta Sheumais.


Hold hands for the next verse and begin swaying again in time to the music.

Inbheach agus leanabh

Lìon mìos le uisge blàth agus cuir bàta beag ann.

Gluais am bàta anns an uisge agus thoir a chreidsinn gur e bàta Sheumais a tha ann agus gu bheil e a' seòladh air ais a Bharraigh.

Cùm grèim air an leanabh agus gluais iad bho thaobh gu taobh, gu socair, ann an tìr ris a' cheòl.



Gnìomh buidhne

Seas ann an cearcall a' cumail grèim air làmhnan càch a-chèile.

Gluais bho thaobh gu taobh, a tòiseach air do làimh cheart ann an tìm ris a' cheòl.

Seas, gun ghluasad sam bith a dhèanamh tron sèist agus iarr air aon leanabh gluasad a-mach agus a-steach às a' chearcall, mar gur e Caipitein Bàta Sheumais.

Cùm grèim air làmhnan càch a-chèile airson an ath rann agus a-rithist tòisich a gluasad ann an tìm ris a' cheòl.

Expressive arts

EXA 0-16a

EXA 0-08a

Health and wellbeing

HWB 0-21a

HWB 0-22a

HWB 0-47b

Gaelic (learners)

LGL 0-01a / LGL 0-05a / LGL 0-07a / LGL 0-08a

LGL 0-02a


Literacy and Gàidhlig

LIT 0-01a / LIT 0-11a / LIT 0-20a


Sciences

SCN 0-11a

Experiences & Outcomes



Bus Mòr



Bus mòr, mòr a' dol sìos an rathad,
Bus mòr, mòr a' dol sìos an rathad,
Bus mòr, mòr a' dol sìos an rathad,
Mise air a' bhus, mi fhìn agus Mamaidh.

Bus mòr, mòr is e falbh dhan bhaile,
Bus mòr, mòr is e falbh dhan bhaile,
Bus mòr, mòr is e falbh dhan bhaile,
Mise air a' bhus, mi fhìn agus Mamaidh.

Brum, brum, brum ars' am bus mòr buidhe,
Brum, brum, brum ars' am bus mòr buidhe,
Brum, brum, brum ars' am bus mòr buidhe,
Leumaibh na mo bhroinn is thèid mi dhan a' bhaile.

Thèid mi fhìn is Mamaidh agus ceannaichidh sinn aran,
Ceannaichidh sinn brògan, stocainnean is adan,
Isbeanan is ìm agus tì agus sgadan,
Nuair a bhios sinn sgìth thèid mi fhìn is Mamaidh dhachaigh.

Brum, brum, brum aig a' bhus mhòr bhuidhe,
Brum, brum, brum aig a' bhus mhòr bhuidhe,
Brum, brum, brum aig a' bhus mhòr bhuidhe,
Tha sinn uile sgìth a' tilleadh às a' bhaile.

Take your child's arm and slide your fingers down it as you sing 'a' dol sìos an rathad'

Run your fingers up you child's arm as you sing 'falbh dhan bhaile'

Pretend to drive the bus and turn the steering wheel as you sing 'Brum, brum, brum'

Bump your child up and down on your knee as you sing the verse beginning 'Thèid mi fhìn is Mamaidh'

Drive the bus again for the last verse and fall asleep on each other as you sing 'Tha sinn uile sgìth'

Group activity

Set up a line of chairs in pairs like a bus with a seat for the driver at the front.

The driver should pretend to steer the bus while the other passengers should tap their knees in time to the song.

Bounce up and down on your seats as you sing 'Leumaibh na mo bhroinn'


Pretend to fall asleep in the last verse as you sing 'Tha sinn uile sgìth'

Inbheach agus leanabh

Gabh grèim air gàirdean do leanabh agus gluais do chorragan sìos an gàirdean nuair a tha thu a' seinn 'a' dol sìos an rathad'.

Ruith do chorragan suas gàirdean do leanabh nuair a tha thu a' seinn 'falbh dhan bhaile'.

Thoir a chreidsinn gu bheil thu a' dràibheadh am bus agus a' tionndadh na cuibhle stiùiridh nuair a tha thu a' seinn 'Brum, brum, brum'.



Bunsaig do leanabh airson do ghlùin nuair a tha thu a' seinn an rann a tha a' tòiseachadh 'Thèid mi-fhìn is Mamaidh'.

Tha thu a' dràibheadh am bus airson an rann mu dheireadh agus a' tuiteam na do chadal air càch a-chèile nuair a tha thu a' seinn 'tha sinn uile sgìth'.

Gnìomh buidhne

Cuir sreath de chathraichean a-mach, mar gum b' e bus a bha ann le cathair aig a' bheulaibh airson an dràibhear.

Bu chòir don dràibhear a bhith a' toirt a chreidsinn gu bheil e a' stiùireadh a' bhus agus bu chòir an fheadhainn eile a tha nan suidhe air a' bhus na glùinean aca a ghnogadh ann an tìm ris a' cheòl.

Bunsaig suas agus sìos air do chathair nuair a tha thu a' seinn 'Leumaibh na mo bhroinn'.

Tha thu a' toirt a chreidsinn gu bheil thu a' tuiteam na do chadal nuair a tha thu a' seinn 'Tha sinn uile sgìth air do ghlùin'.

Expressive arts

EXA 0-16a / EXA 0-14a

Gaelic (learners)

LGL 0-01a / LGL 0-05a / LGL 0-07a / LGL 0-08a
LGL 0-02a

Literacy and Gàidhlig

LIT 0-01a / LIT 0-11a / LIT 0-20a
LIT 0-01c

Social Studies

LIT 0-01a / LIT 0-11a / LIT 0-20a
LIT 0-01c

Experiences & Outcomes





Còig bonnaich bheaga ann am bùth a' bhèiceir
Còig bonnaich bheaga ann am bùth a' bhèiceir
Còig bonnaich bheaga ann am bùth a' bhèiceir
Thàinig balach beag agus cheannaich e fear dhiubh

Ceithir bonnaich bheaga ann am bùth a' bhèiceir
Ceithir bonnaich bheaga ann am bùth a' bhèiceir
Ceithir bonnaich bheaga ann am bùth a' bhèiceir
Thàinig balach beag agus cheannaich e fear dhiubh.

Trì bonnaich bheaga ann am bùth a' bhèiceir
Trì bonnaich bheaga ann am bùth a' bhèiceir
Trì bonnaich bheaga ann am bùth a' bhèiceir
Thàinig balach beag agus cheannaich e fear dhiubh.

Dà bhonnach bheag ann am bùth a' bhèiceir
Dà bhonnach bheag ann am bùth a' bhèiceir
Dà bhonnach bheag ann am bùth a' bhèiceir
Thàinig balach beag agus cheannaich e fear dhiubh.

Aon bhonnach beag ann am bùth a' bhèiceir
Aon bhonnach beag ann am bùth a' bhèiceir
Aon bhonnach beag ann am bùth a' bhèiceir
Thàinig balach beag agus cheannaich e am fear sin.

Chan eil bonnach beag ann am bùth a' bhèiceir,
Chan eil bonnach beag ann am bùth a' bhèiceir,
Chan eil bonnach beag ann am bùth a' bhèiceir.
Dh'ith na balaich bheaga a h-uile fear dhiubh.

Adult and child

Coig bonnach bheaga

Hold up 5 fingers in front of you for the first verse.

Curl down one finger per verse until you have only finger standing up.

Hide your hand behind your back for the last verse. 'Chan eil bonnach beag ann am bùth a bhèicear'

Group activity

Stand in a circle with a pile of 5 beanbags on the floor in the middle.

Ask a child to remove a beanbag from the pile and place it anywhere on the floor outside the circle when you sing 'Ceithir bonnach bheaga'

Ask a different child to remove another beanbag from the centre as you sing 'Tri bonnach bheaga' and place it in a different place outside the circle on the floor.

Continue like this with each verse until there are no bean bags left in the middle of the circle and all 5 beanbags are spread out on the floor.

As the children sing the last verse, choose 2 children to gather as many of the beanbags as quickly as they can from the floor. The winner is the child with the most beanbags.


Play again as you sing the song, choosing different children to take part.

Inbheach agus leanabh

Cùm suas còig corrigan air do bheulaibh nuair a tha thu a' seinn a' chiad rann.

Lùb aon chorrigan sìos aig gach rann gus mu dheireadh chan eil corrigan sam bith agad an àirde.

Cuir do làmh air cùl do dhruim airson an rann mu dheireadh. 'Chan eil bonnach bheag ann am bùth a' bhèicear'.



Gnìomh buidhne

Seas ann an cearcall le còig bagaichean phònairean air am meadhan an làr.

Iarr air leanabh бага phònairean a thogail agus a chur ann an àite sam bith taobh a-muigh a' chearcaill – bu chòir seo tachairt nuair a thathar a' seinn 'Ceithir bonnaich bheaga'.

Iarr air leanabh eadar-dhealaichte бага phònairean eile a thogail agus nuair a tha sibh a' seinn 'trì bonnaich bheaga' bu chòir leanabh a chur ann an àite eadar-dhealaichte taobh a-muigh a' chearcaill dhan leanabh.

Lean air adhart mar seo gus mu dheireadh nach eil bagaichean phònairean air fhàgail ann am meadhan a' chearcaill agus gu bheil iad air feadh an làr.

Nuair a tha a' chlann a' seinn an rann mu dheireadh, tagh dithis a thèid a chruinneachadh na bagaichean phònairean cho luath 's as urrainn dhaibh. Is e an neach a bhuannaicheas an neach aig a bheil an àireamh is motha de phocannan.

Cluich an t-òran a-rithist agus tagh clann eadar-dhealaichte airson pàirt a ghabhail.

Experiences & Outcomes

Expressive arts

EXA 0-16a

Gaelic (learners)

LGL 0-01a / LGL 0-05a / LGL 0-07a / LGL 0-08a

LGL 0-02a

Literacy and Gàidhlig

LIT 0-01a / LIT 0-11a / LIT 0-20a

Social Studies

SOC 0-20



Cuir do làmhan air do cheann



Cuir do làmhan air do cheann,
Air do cheann, air do cheann,
Cuir do làmhan air do cheann
Mar tha mise dèanamh.

Cuir do làmhan gu do chùlaibh,
Gu do chùlaibh, gu do chùlaibh,
Cuir do làmhan gu do chùlaibh,
Mar tha mise dèanamh.

Air do chasan seas an àird',
Seas an àird', seas an àird',
Air do chasan seas an àird',
Mar tha mise dèanamh.

Siuthad a-nise, cuir car,
Cuir car, cuir car;
Siuthad a-nise, cuir car
Mar tha mise dèanamh.

Suidh a-nise 's dùin do shùilean,
Dùin do shùilean, dùin do shùilean;
Suidh a-nise 's dùin do shùilean
Mar tha mise dèanamh.

Adult and child

Cuir do làmhan air do cheann

Listen and follow the words of the song making big actions as you do so.

Place one hand at a time onto your head in time to the music for 'Cuir do làmhan air do cheann'

Place one hand at a time behind your back in time to the music for 'Cuir do làmhan gu do chùlaibh'

Stand on your tiptoes as high as you can for 'Air do chasan seas an àird'

Turn around for 'Siuthad a-nise, cuir car'

Sit down and close your eyes for 'Suidh a-nise s' duin do shùilean'

Group activity

Listen and follow the words of the song making big actions as you do so

Place one hand at a time onto your head in time to the music for 'Cuir do làmhan air do cheann'

Place one hand at a time behind your back in time to the music for 'Cuir do làmhan gu do chùlaibh'

Stand on your tiptoes as high as you can for 'Air do chasan seas an àird'

Turn around for 'Siuthad a-nise, cuir car'

Sit down and close your eyes for 'Suidh a-nise s' duin do shùilean'

Inbheach agus leanabh

Èist agus lean na faclan a' dèanamh gluasadan mòra mar a tha thu a' seinn.

Cuir làmh às dèidh làimh air do cheann agus an uairsin cuir an làmh ann an tìr ris a' cheòl airson 'Cuir do làmhan air do cheann'.

Cuir làmh às dèidh làimh ann an tìr ris a' cheòl airson 'Cuir do làmhan air do chùlaibh'.

Seas air do chorra-biod, cho àrd 's as urrainn dhut airson 'Air do chasan seas an àird'.

Tionndadh timcheall airson 'Siuthad a-nise, cuir car'.

Suidh sìos agus dùin do shùilean airson 'Suidh a-nis, 's dùin do shùilean'.

Gnìomh buidhne

Èist ris an t-òran agus dèan gluasadan mòra a tha a' freagairt air na faclan.

Cuir làmh às dèidh làimh air do cheann ann an tìr ris a' cheòl airson 'Cuir do làmhan air do cheann'.

Cuir làmh às dèidh làimh air cùl do dhruim agus an uairsin do làmh eile ann an tìr ris a' cheòl airson 'Cuir do làmhan gu do chùlaibh'.

Seas air do chorra-biod, cho àrd 's as urrainn dhut airson 'Air do chasan seas an àird'.

Tionndadh timcheall airson 'Siuthad a-nise, cuir car'.

Suidh sìos agus dùin do shùilean airson 'Suidh a-nis, 's dùin do shùilean'.

Experiences & Outcomes

Expressive arts

EXA 0-16a

Gaelic (learners)

LGL 0-01a / LGL 0-05a / LGL 0-07a / LGL 0-08a

LGL 0-02a

Literacy and Gàidhlig

LIT 0-01a / LIT 0-11a / LIT 0-20a



Hò, hò, hò ars an cat mòr glas



Hò, hò, hò ars' an cat mòr glas
Hò, hò, hò ars' an cat mòr glas
Cuiridh mi nam bhroinn thu, 's chan fhaigh thu idir às,
Hò, hò, hò ars an cat mòr glas

Hì, hì, hì, ars' an luchag bheag ghlas
Chan fhaigh thusa mi a' chait mhòir ghlais
Fanaidh mi san toll, 's cha tig mi idir às,
Hì, hì, hì, ars an luchag bheag ghlas.

Adult and child

Hò, hò, hò ars an cat mòr glas

Face your child and tap your knees every time you sing 'Hò Hò Hò' or 'Hì Hì Hì'

Use your fingers as puppets and pretend one hand is the cat and one is the mouse.

When the cat is singing in verse 1 animate your left hand. When the mouse is singing in verse 2 animate your right hand

Take it in turn with your child to be the cat or the mouse and sing the correct verse accordingly.

Group activity

The group stand in a circle with one child sitting in the middle. The group are little mice while the child in the middle is the cat.

Take 2 chairs and place them at either end of the room away from the group.

Everyone sings the song together. As soon as the song is complete the mice have to run to a chair. The cat tries to catch one of the mice before they reach the chair.

The mouse that is caught becomes the cat and sits in the middle of the circle and the song begins again.

Inbheach agus leanabh

Suidh mu choinneamh do leanabh agus gnog na glùinean aca, gu socair, a h-uile turas a sheinneas sibh 'Hò, hò, hò' no 'Hì, hì, hì'.

Cleachd do chorragan mar phupaidean agus thoir a chreidsinn gur e aon cat agus gur e luchag a tha anns am fear eile.

Nuair a tha a' chat a' seinn ann an Rann 1 gluais do làimh chli. Nuair a tha an luchag a' seinn anns an dàrna rann gluais do làimh cheart.

Tòisich a-rithist, ach gabh turna gur tu an cat agus seinn an rann iomchaidh da rèir.

Gnìomh buidhne

Tha a' bhuidheann nan seasamh ann an cearcall le aon leanabh a' seasamh anns a' mheadhan. Is e luchagan a tha anns a' bhuidheann agus `s e an leanabh anns a' mheadhan an cat.

Cleachd dà chathair agus cuir iad air gach ceann den t-seòmar air falbh bhon bhuidheann.

Tha a h-uile duine a' seinn an t-òran còmhla. Nuair a tha crìoch air a thighinn air an t-òran feumaidh a' chlann ruith gun chathair. Tha an cat a' feuchainn ri grèim fhaighinn air na luchagan mus ruig iad an cathair.

Tha an luchag air an tèid glacadh a-nis a' gabhail àite a' chàit agus tha iad a' suidhe ann am meadhan a' chearcaill deiseil airson an òran tòiseachadh a-rithist.

Expressive arts

EXA 0-16a

Gaelic (learners)

LGL 0-01a / LGL 0-05a / LGL 0-07a / LGL 0-08a
LGL 0-02a

Literacy and Gàidhlig

LIT 0-01a / LIT 0-11a / LIT 0-20a

Health and wellbeing

HWB 0-15a / HWB 1-15a / HWB 2-15a / HWB 3-15a / HWB 4-15a


Numeracy across learning

MNU 0-02a

Social Studies

SOC 0-20a

Experiences & Outcomes



Huis Huis



Air an Each

Huis, huis air an each,
Huis, huis air an each,
Huis, huis air an each,
Càite ruigeas sinn a-nochd?
Huis, huis air an each,
Huis, huis air an each,
Huis, huis air an each,
Ruigidh sinn a Bhàlaigh.

Huis, huis air an each,
Huis, huis air an each,
Huis, huis air an each,
Càite ruigeas sinn a-nochd?
Huis, huis air an each,
Huis, huis air an each,
Huis, huis air an each,
Ruigidh sinn am Baile Sear.

Adult and child

Huis Huis Air an Each

Sit your child on you knee and bounce them up and down to the beat.

Try different tempos going from very slow to very fast every time you bounce and sing.

Take a couple of plastic cups and tap the widest parts together to make a clip clop sound. Even better - use some coconut shells!

Group activity

Sing along and pretend to trot like the horse in the song.

Sing the song at different tempos each time you sing a verse. Trot around the room slowly and then more quickly.


Ask a child to choose a tempo by making 4 beats before you sing. Ask them to keep the beat for the group by using claves or a drum as you all sing along.

Inbheach agus Leanabh

Suidh le do leanabh air do ghluìn agus bunsaig suas agus sìos iad ris a' bhuille.

Feuch diofar astaran bho bhith slaodach gu bhith a' dol aig astar luath a h-uile turas a tha thu a' bunsaigeadh agus a' seinn.

Gabh grèim air dà chupan plastaig agus cuir iad ri chèile gus fuaim 'cliop clop' a dhèanamh. Nas fheàrr buileach – cleachd slige cnò-choco.



Gnìomh buidhne

Seinn an t-òran agus thoir a chreidsinn gu bheil thu a' trotadh mar an t-each anns an t-òran.

Seinn an t-òran aig diofar astaran gach turas a sheinneas tu rann. Trot timcheall an t-seòmair, gu slaodach agus an uairsin gluais nas cabhagach.

Iarr air leanabh an astar a thaghadh agus tòisich le ceithir buillean mus tòisich thu a' seinn. Iarr orra a' bhuille a chumail dhan a' bhuidheann agus cleachd drumma beag fhad 's a tha thu a' seinn.

Experiences & Outcomes

Expressive arts

EXA 0-16a

Gaelic (learners)


LGL 0-01a / LGL 0-05a / LGL 0-07a / LGL 0-08a LGL 0-02a

Literacy and Gàidhlig

LIT 0-01a / LIT 0-11a / LIT 0-20a



Itean Penelope



Penelope le itean dearg,
Itean dearg, itean dearg
Penelope le itean dearg,
Is dathan de gach seòrsa.

Itean buidhe 's itean gorm,
Itean buidhe 's itean gorm,
Itean buidhe 's itean gorm,
Is earball fada bòidheach.

Bounce your child up and down on your knee as you sing along.

Take a feather or a scarf and wave it up and down or side to side in time with the music.

Draw a colourful picture of Penelope. Don't forget to include red, yellow and blue feathers!

Group activity

Stand in a circle and stretch out a large piece of lycra or stretchy material between yourselves.

Move the lycra up and down, side to side or in and out in time to the music.

Shake your 'tail' as you sing 'le earball fada bòidheach'

Inbheach agus leanabh

Fhad `s a tha thu a' seinn an t-òran bunaig do leanabh air do ghlùin.

Cleachd it' no beannag aotrom agus crath e suas is sìos agus bho thaobh gu taobh ann an tìm ris a' chèol.

Dèan dealbh dathte de Phenelope. Na dìochuimhnich na h-itean dearga, buidhe agus gorm.



Gnìomh buidhne

Seas ann an cearcall agus sìn a-mach siota mòr no pìos lycra eadar gach duine.

Gluais an siota no am pìos lycra suas agus sìos agus bho thaobh gu taobh ann an tìm ris an t-òran.

Crath “d’ earball” fhad ‘s a tha thu a’ seinn ‘le earball fada bòidheach’.

Experiences & Outcomes

Expressive arts

EXA 0-16a

Gaelic (learners)


LGL 0-01a / LGL 0-05a / LGL 0-07a / LGL 0-08a

LGL 0-02a

Literacy and Gàidhlig

LIT 0-01a / LIT 0-11a / LIT 0-20a

LIT 0-01



Nead na Lacha sa Luachair



Nead na lacha sa luachair
Nead na lacha sa luachair
Nead na lacha sa luachair
'S cuiridh mi mach air a' chuan thu.
Nead na lacha sa luachair
Nead na lacha sa luachair
Nead na lacha sa luachair
'S cuiridh mi mach air a' chuan thu.

Hai-di didl-di didl-di
Hai-di dè-di dèro
Hai-didl dai-didl dai-didl
Dai-di didl-di dèro.
Hai-di didl-di didl-di
Hai-di dè-di dèro
Hai-didl dai-didl dai-didl
Dai-di didl-di dèro.

Adult and child

Nead na Lacha sa Luachair

Imagine you are a duck on a nest in the reeds. Waddle about and flap your wings as you listen to the first verse.

Dance freely during the second part. How does the music make you feel like moving?

Enjoy the rhythmical words and dance with some floaty scarves to the music.

Group activity

Stand facing a partner. Pat your knees once followed by two hand claps with your partner throughout the verse. Try to keep 3 beats.

For the second part of the song think of different ways to keep 3 beats. E.g Jump, clap, clap or, 2 taps on your head followed by 1 tap on your nose.


Enjoy the rhythmical words and dance with some floaty scarves to the music.

Inbheach agus leanabh

Thoir a chreidsinn gur e lach a tha annad agus tha nead agad sa luachair. Gluais, mar gur e tunnag a tha ann agus crath na sgiathan agad fhad `s a tha thu ag èisteachd ris an rann mu dheireadh.

Danns, gu saor thoileach, airson an dàrna pàirt den òran. Ciamar a tha a' chèol a' toirt ort gluasad?

Gabh toileachas bho ruitheam nam faclan agus cleachd beannagan aotram airson danns' a dhèanamh ris a' chèol.



Gnìomh buidhne

Seas mu choinneamh neach eile. Gnog do ghlùinean aon turas agus an uairsin buail do bhoisean dà thuras le do charaid. Feuch ri cumail ri trì buillean.

Airson an dàrna pàirt den òran feuch ri gnìomhan ùr' a chruthachadh far a bheil thu a' cumail trì buillean (m.e. leum, buail do bhoisean, gnog do cheann no suath do chorrach air do shròin).

Gabh toileachas bho ruitheam nam faclan agus cleachd beannagan aotram airson dawns' a dhèanamh ris a' chèol.

Expressive arts

EXA 0-16a
EXA 0-08a
EXA 1-17a

Gaelic (learners)

LGL 0-01a / LGL 0-05a / LGL 0-07a / LGL 0-08a
LGL 0-02a
LGL 0-02a
LGL 1-05a

Literacy and Gàidhlig

LIT 0-01a / LIT 0-11a / LIT 0-20a
LIT 0-01c

Experiences & Outcomes



Seas suas dìreach,



sìn suas àrd

Seas suas dìreach, sìn suas àrd,
Seas suas dìreach, sìn suas àrd,
Seas suas dìreach, sìn suas àrd,
Crom sìos ìseal, sìos chun an làir.

Crom sìos ìseal, sìos chun an làir,
Crom sìos ìseal, sìos chun an làir,
Crom sìos ìseal, sìos chun an làir,
Seas suas dìreach, sìn suas àrd.

Adult and child

Seas suas dìreach, sìn suas àrd

Stand up straight as you sing 'Seas suas dìreach'

Crouch down to the ground as you sing 'crom sìos ìseal, sìos chun an làir'

Sing the song very slowly and do the actions in slow motion. Then speed up and move very quickly.

Group activity

Stand up straight as you sing 'Seas suas dìreach'

Crouch down to the ground as you sing 'crom sìos ìseal, sìos chun an làir'


Sing the song very slowly and do the actions in slow motion. Then speed up and move very quickly.

Inbheach agus leanabh

Seas an àirde, cho dìreach sa ghabhas, nuair a tha thu a' seinn 'Seas suas dìreach'.

Crùb sìos air an làr nuair a tha thu a' seinn 'crom sìos ìseal, sìos chun an làir'.

Seinn an t-òran gu slaodach agus dèan na gluasadan gu slaodach. Tòisich an uairsin a' dol nas luaithe agus nas luaithe.



Gnìomh buidhne

Seas an àirde, cho dìreach sa ghabhas, nuair a tha thu a' seinn 'Seas suas dìreach'.

Crùb sìos air an làr nuair a tha thu a' seinn 'crom sìos ìseal, sìos chun an làir'.

Seinn an t-òran gu slaodach agus dèan na gluasadan gu slaodach. Tòisich an uairsin a' dol nas luaithe agus nas luaithe.

Experiences & Outcomes

Expressive arts

EXA 0-16a

Gaelic (learners)

LGL 0-01a / LGL 0-05a / LGL 0-07a / LGL 0-08a


LGL 0-02a

Literacy and Gàidhlig

LIT 0-01a / LIT 0-11a / LIT 0-20a



Seo mo bhaga



Seo mo bhaga
Seo mo bhaga
Tha mi falbh
Tha mi falbh
Chì mi sibh a-màireach
Chì mi sibh a-màireach
Beannachd leibh!
Beannachd leibh!

Take a bag and place it on your shoulder.

Tap the bag in time to the music as you sing 'Seo mo bhaga'

Wave at each other as you sing 'Chi mi sibh a- màireach' and 'Beannachd leibh!'

Group activity

Sit in a circle on the floor.

As you sing, one child should walk around the group with a bag on their shoulder.

Once they get to the end of the song, they should drop the bag behind the person nearest to them and run around the circle. The child near the bag should try to catch them before they get into their space.


The game begins again with the new child wearing the bag, walking round the circle.

Inbheach agus leanabh

Gabh grèim air бага agus cuir e air do ghuaillan

Gnog am бага ann an tìm ris a' cheòl nuair a tha thu a' seinn 'Seo mo bhaga'

Tòisich a' smèideadh ri chèile nuair a tha thu a' seinn 'Chì mi sibh a-màireach' agus Beannachd leibh!'



Gnìomh buidhne

Suidh ann an cearcall air an làr.

Fhad 's a tha thu a' seinn, bu chòir aon leanabh coiseachd timcheall a' chearcaill le бага air an guaillean.

Nuair a ruigeas tu crìoch an t-òrain, bu chòir dhaibh am бага a leigeil sìos chun an làr air cùl an neach is fhaisg' orra agus an uairsin feumaidh iad ruith timcheall a' chearcaill. Bu chòir an neach is fhaisge air a' bhaga grèim fhaighinn orra mus fhaigh iad air ais dhan àite aca fhèin.

Tha thu a' tòiseachadh a-rithist le leanabh ùr leis a' bhaga.

Experiences & Outcomes

Expressive arts

EXA 0-16a

EXA 0-08a

Gaelic (learners)

LGL 0-01a / LGL 0-05a / LGL 0-07a / LGL 0-08a

LGL 0-02a

LGL 1-05a

Literacy and Gàidhlig

LIT 0-01a / LIT 0-11a / LIT 0-20a



Sneachda Geal



a' Tuiteam

Sneachda geal a' tuiteam,
a' tuiteam, a' tuiteam
Sneachda geal a' tuiteam,
a' tuiteam fad' an là.

Uisge trom a' dòrtadh,
a' dòrtadh, a' dòrtadh
Uisge trom a' dòrtadh,
a' dòrtadh fad' an là.

Gaoth mhòr a' sèideadh,
a' sèideadh, a' sèideadh
Gaoth mhòr a' sèideadh,
a' sèideadh fad an là.

Grian bhlàth a' deàrrsadh,
a' deàrrsadh, a' deàrrsadh
Grian bhlàth a' deàrrsadh,
a' deàrrsadh fad an là.

Adult and child

Sneachda Geal a' Tuiteam

Make small circles with your hands as you sing 'sneachda geal a'tuiteam'

Move your hands quickly from high to low as you sing 'Uisge trom a' dòrtadh'

Swirl your arms from side to side and up and down as you sing 'gaoth mhòr a' sèideadh'

Make a large circle with you arms as you sing 'Grian bhlat a' deàrrsadh'

Group activity

Make small circles with your hands as you sing 'sneachda geal a'tuiteam'

Move your hands quickly from high to low as you sing 'Uisge trom a' dòrtadh'

Swirl your arms from side to side and up and down as you sing 'gaoth mhòr a' sèideadh'

Make a large circle with you arms as you sing 'Grian bhlat a' deàrrsadh'


Inbheach agus leanabh

Dèan cearcallan beaga le do làmhan nuair a tha thu a' seinn 'sneachda geal a' tuiteam'.

Gluais do làmhan, gu luath, bho bhith àrd gu bhith ìosal nuair a tha thu a' seinn 'Uisge trom a' dòrtadh'.

Gluais do ghàirdeanan bho thaobh gu taobh agus suas agus sìos nuair a tha thu a' seinn 'gaoth mhòr a' sèideadh'.

Dèan cearcall mòr le do ghàirdeanan nuair a tha thu a' seinn 'Grian bhlat a' deàrrsadh'.



Gnìomh buidhne

Dèan cearcallan beaga le do làmhan nuair a tha thu a' seinn 'sneachda geal a' tuiteam'.

Gluais do làmhan, gu luath, bho bhith àrd gu bhith ìosail nuair a tha thu a' seinn 'Uisge trom a' dòrtadh'.

Gluais do ghàirdeanan bho thaobh gu taobh agus suas agus sìos nuair a tha thu a' seinn 'gaoth mhòr a' sèideadh'.

Dèan cearcall mòr le do ghàirdeanan nuair a tha thu a' seinn 'Grian bhlàth a' deàrrsadh'.

Experiences & Outcomes

Expressive arts

EXA 0-16a / EXA 0-14a / EXA 0-10a

Gaelic (learners)

LGL 0-01a / LGL 0-05a / LGL 0-07a / LGL 0-08a
LGL 0-02a

Literacy and Gàidhlig

LIT 0-01a / LIT 0-11a / LIT 0-20a

Social Studies

SOC 0-07a



Sum, sum, sum ars an rocaid



Sum, sum, sum ars' an rocaid,
Sum, sum, sum ars' an rocaid,
Sum, sum, sum ars' an rocaid,
Seallaibh mise falbh chun na gealaich.

Suas, suas, suas chaidh an rocaid,
Suas, suas, suas chun na gealaich,
Nuair a ràinig i shuas, 's ann a thuit i a-nuas
'S bhuail i le brag air an talamh.

Sum, sum, sum ars' an rocaid
Sum, sum, sum ars' an rocaid
Sum, sum, sum ars' an rocaid
Cha tèid mise tuilleadh chun na gealaich.

Adult and child

Sum, sum, sum ars an rocaid!

Sit with your child on your knee. Both of you should be facing forwards.

Ask your child to place their hands together, palms touching and then place your hands over their hands.

Every time you sing 'Sum sum sum' or 'Suas suas suas' move your hands together like a rocket going up.

When you sing the line 'S bhuail i le brag air an talamh' let go of each other's hands and tap them on the floor.

Group activity

The group should stand in a circle holding hands.

Walk round in a circle as you sing the verse beginning 'Sum sum sum'.

Stand on the spot and make a rocket shape with your hands, reaching as high as you can as you sing 'Suas, suas suas'.

Drop to the ground as you sing 'S bhuail i le brag air an talamh'.

Hold hands again and walk round as you sing the verse beginning 'Sum, sum, sum'.

Inbheach agus leanabh

Suidh le do leanabh air do ghlùin. Bu chòir dhan dithis agaibh a bhith a' coimhead air n-aghaidh.

Iarr air do leanabh na làmhan ac' a chur ri chèile, na boisean a' tighinn còmhla agus cuir do làmhan timcheall air na làmhan aca.

A h-uile turas a tha thu a' seinn 'Sum, sum, sum' no 'Suas, suas, suas' gluais do làmhan mar gu bheil an rocaid a' dol suas dha na speuran.

Nuair a tha thu a' seinn 'S bhuail i le brag air an talamh' leig às làmhan càch a-chèile agus gnog iad air an làr.

Gnìomh buidheann

Bu chòir don bhuidheann seasamh ann an cearcall a' cumail grèim air làmhan càch a-chèile.

Coisich ann an cearcall nuair a tha thu a' seinn an rann a tha a' tòiseachadh 'Sum, sum, sum'.

Seas dìreach, air an spot, agus dèan cumadh de rocaid le do làmhan, a' feuchainn ri ruighinn cho àrd sa ghabhas, nuair a tha thu a' seinn 'Suas, suas, suas'.

Tuit sìos chun an talamh nuair a tha thu a' seinn "S bhuail i le brag air an talamh".

Cùm grèim air làmhan càch a-chèile a-rithist agus coisich timcheall nuair a tha thu a' seinn an rann a tha a' tòiseachadh 'Sum, sum, sum'.

Experiences & Outcomes

Expressive arts

EXA 0-16a


Gaelic (learners)

LGL 0-01a / LGL 0-05a / LGL 0-07a / LGL 0-08a

LGL 0-02a

Literacy and Gàidhlig

LIT 0-01a / LIT 0-11a / LIT 0-20a





Tha bonaid orm a-nis;
Tha bonaid orm a-nis;
Tha bonaid agus còta orm;
Tha bonaid orm a-nis.

Tha brògan orm a-nis;
Tha brògan orm a-nis;
Brògan agus stocainnean;
Tha brògan orm a-nis.

Adult and child

Tha bonaid orm a-nis

Tap your head as you sing 'Tha bonaid orm a-nis'

Tap your feet in time to the music as you sing 'Tha brògan orm a-nis'

Tap your shoulders as you sing 'cota' and tap your legs as you sing 'stocainnean'.

Group activity

For this game you will need a number of hats

Sit in a circle and pass one hat round the group. Try to pass it on the beat.

When you have finished the song, the last person holding the hat should wear it.


Continue with the game, passing a hat around the group until you run out of hats. The winner is the person who is wearing the least number of hats.

Inbheach agus leanabh

Gnog do cheann nuair a tha thu a' seinn 'Tha bonaid orm a-nis'.

Gnog do chasan ann an tìm ris a' cheòl nuair a tha thu a' seinn 'Tha brògan orm a-nis'.

Gnog do ghuaillleanan nuair a tha thu a' seinn 'còta' agus gnog do chasan nuair a tha thu a' seinn 'stocainnean'.



Gnìomh buidhne

Airson a' ghnìomh seo feumaidh tu grunn adan.

Suidh ann an cearcall agus cuir an ad timcheall a' bhuidheann. Feuch ri cumail ris a' bhuille.

Nuair a tha thu air crìoch a chur air an t-òran, tha an neach aig a bheil an ad ga chuir air.

Tòisich an t-òran a-rithist, a' cur an ad timcheall na buidhne gus nach bi ad air fhàgail. Is e an neach a tha a' buannachadh an neach aig a bheil an àireamh is lugha de dh'adan.

Experiences & Outcomes

Expressive arts

EXA 0-16a / EXA 0-08a

Gaelic (learners)

LGL 0-01a / LGL 0-05a / LGL 0-07a / LGL 0-08a LGL 0-02a

Literacy and Gàidhlig

LIT 0-01a / LIT 0-11a / LIT 0-20a



Tha mise mòr; tha luchag beag



Tha mise mòr; tha luchag beag;
Tha mise mòr; tha luchag beag;
Tha mise mòr; tha luchag beag;
Tha mise mòr, mòr.

Tha Màiri mòr; tha luchag beag;
Tha Màiri mòr; tha luchag beag;
Tha Màiri mòr; tha luchag beag;
Tha Màiri mòr, mòr.

Adult and child

Tha mise mòr; tha luchag beag

Sway your arms outwards and inwards in time to the music.

Stretch your arms out as wide as you can as you sing 'tha mise mòr' or 'Tha Màiri mòr'.

Clasp your hands together as you sing 'tha luchag beag'

Draw a picture of yourself and the little mouse.

Group activity

Stand facing a partner whilst holding both hands in front of you.

Whilst holding hands gently stretch your arms out to the sides as you sing 'Tha mise mòr' or 'Tha Màiri mòr'.

Bring your hands to the centre as you sing 'tha luchag beag'


Try to keep in time to the music as you move, working with your partner.

Inbheach agus leanabh

Gluais do ghàirdeanan ann an tìm ris a' cheòl

Sìn a-mach do ghàirdeanan bho fada sa thèid iad nuair a tha thu a' seinn 'tha mise mòr' no 'Tha Màiri mòr'.

Paisg do làmhnan ri chèile nuair a tha thu a' seinn 'tha luchag beag'.
Dèan dealbh dhut fhèin agus an luchag bheag.



Gnìomh buidhne

Seas mu choinneamh cuideigin eile agus cùm grèim air làmhan càch a-chèile.

Fhad 's a tha grèim agaibh air làmhan càch a-chèile sìn a-mach ar gàirdeanan chun a' chliathaich nuair a tha thu a' seinn 'Tha mise mòr' no 'Tha Màiri mòr'.

Thoiribh ar gàirdeanan air ais dhan mheadhan nuair a tha thu a' seinn 'tha luchag beag'.

Feuch ri bhith a' cumail ann an tìm ris a' cheòl, ag obair le do chom-pàirtiche.

Experiences & Outcomes

Expressive arts

EXA 0-16a / EXA 0-04a / EXA 1-04a

Gaelic (learners)

LGL 0-01a / LGL 0-05a / LGL 0-07a / LGL 0-08a

LGL 0-02a

Literacy and Gàidhlig

LIT 0-01a / LIT 0-11a / LIT 0-20a

MNU 0-02a



Trèan ann an cabhaig, ò tha!

A stylized illustration of a bagpipe, showing the bag, chanter, and drones. The bag is brown with a blue circular opening. The chanter is brown with four white lines representing the keys. The drones are brown with four white lines representing the keys. The entire illustration is set against a light blue background.

Trèan ann an cabhaig, ò tha!
Trèan ann an cabhaig, ò tha!
Trèan ann an cabhaig,
Trèan ann an cabhaig,
Trèan ann an cabhaig, ò tha!

Dol fon drochaid, ò tha!
Dol fon drochaid, ò tha!
Dol fon drochaid
Dol fon drochaid
Dol fon drochaid, ò tha!

Dìreadh suas na beanntan, ò tha!
Dìreadh suas na beanntan, ò tha!
Dìreadh suas na beanntan
Dìreadh suas na beanntan
Dìreadh suas na beanntan, ò tha!

Ruith sìos na beanntan, ò tha!
Ruith sìos na beanntan, ò tha!
Ruith sìos na beanntan
Ruith sìos na beanntan
Ruith sìos na beanntan, ò tha!

Tighinn dhan a' bhaile, ò tha!
Tighinn dhan a' bhaile, ò tha!
Tighinn dhan a' bhaile
Tighinn dhan a' bhaile
Tighinn dhan a' bhaile, ò tha!

Stad aig an stèisean, ò tha!
Stad aig an stèisean, ò tha!
Stad aig an stèisean
Stad aig an stèisean
Stad aig an stèisean, ò tha!

Bodach crathadh bratach, ò tha!
Bodach crathadh bratach, ò tha!
Bodach crathadh bratach
Bodach crathadh bratach
Bodach crathadh bratach, ò tha!

Adult and child

Trèan ann an cabhaig, ò tha!

Take a kitchen chair and use it as a prop for the song

Run round the chair as you sing 'Trèan ann an Cabhaig'

Stretch out your arms as your child walks under them for 'Dol fon an drochaid' or crawl under the chair.

Walk your fingers up the chair leg for 'Dìreadh suas na beanntan'

Run your fingers down the chair leg for 'Ruith sìos na beanntan'

Sit on the chair and bounce the child on your knee for 'Tighinn dhan a' bhaile'

Stand up every time you sing 'Stad aig an stèisean'

Stand and pretend to wave a flag for the last verse, 'Bodach crathadh bratach'

Group activity

Stand in a line facing a partner.

Move your arms round like the wheels of a train and stamp your feet every time you sing 'Ò tha!'

Crouch down onto the floor as you sing 'Dol fon an drochaid'

Climb on the spot as you sing 'Dìreadh suas na beanntan'

Run on the spot as you sing 'Ruith sìos na beanntan'

Walk past each other and stand where your partner was standing as you sing 'Tighinn dhan a' bhaile'

Stand completely still as you sing 'Stad aig an stèisean'

Stand and pretend to wave a flag for the last verse, 'Bodach crathadh bratach'

Inbheach agus leanabh

Cleachd cathair tron òran seo.

Ruith timcheall a' chathair fhad 's a tha thu a' seinn 'Trèan ann an Cabhaig'

Sìn a-mach do ghàirdeanan fhad 's a tha do leanabh a' coiseachd fòdhpá airson "Dol fon an drochaid".

Gluais do chorrigan suas casan na cathaire nuair a tha thu a' seinn 'Dìreadh suas na beanntan'.

Ruith do chorrigan sìos casan na cathaire nuair a tha thu a' seinn 'Ruith sìos na beanntan'.

Suidh air a' chathair agus bunaig do leanabh air do ghlùin nuair a tha thu a' seinn 'Tighinn dhan a' bhaile'.

Seas a h-uile turas a thèid na faclan 'Stad aig an stèisean' air a sheinn.


Seas agus thoir a chreidsinn gu bheil thu a' crathadh bratach airson an rann mu dheireadh, 'Bodach crathadh bratach'.

Gnìomh buidhne

Seas le cuideigin eile mu do choinneamh.

Gluais do ghàirdeanan mar gur e na cuibhlichean air trèana a tha annta agus stamp do chasan a h-uile turas a sheinneas tu 'Ò tha!'

Crùb sìos air an làr nuair a tha thu a' seinn 'Dol fon an drochaid'



Thoir a chreids inn gu bheil thu a' dìreadh nuair a tha thu a' seinn 'Dìreadh suas na beanntan'.

Ruith air an spot nuair a tha thu a' seinn 'Ruith sìos na beanntan'.

Coisich seachad càch a-chèile agus seas far an robh do chom-pàirtiche a' seasamh nuair a tha thu a' seinn 'Tighinn dhan a' bhaile'.

Seas, gun ghluasad sam bith a dhèanamh, nuair a tha thu a' seinn 'Stad aig an stèisean'.

Seas agus thoir a chreidsinn gu bheil thu a' crathadh bratach airson an rann mu dheireadh, 'Bodach crathadh bratach'.

Experiences & Outcomes

Expressive arts

EXA 0-16a


Gaelic (learners)

LGL 0-01a / LGL 0-05a / LGL 0-07a / LGL 0-08a

LGL 0-02a

Literacy and Gàidhlig

LIT 0-01a / LIT 0-11a / LIT 0-20a



T-ring, t-ring cò tha siud?



T-ring, t-ring cò tha siud?
T-ring, t-ring cò tha siud?
T-ring, t-ring cò tha siud?
Cò tha siud a' fònadh?

Halò, halo, cò tha siud?
Halò, halo, cò tha siud?
Halò, halo, cò tha siud?
Cò tha siud a' fònadh?

Mòrag bheag aig ceann an rathaid,
Mòrag bheag aig ceann an rathaid,
Mòrag bheag aig ceann an rathaid,
Mòrag bheag a' fònadh.

Thigibh uile nall air chèilidh,
Thigibh uile nall air chèilidh,
Thigibh uile nall air chèilidh,
Mòrag bheag a' fònadh.

Adult and child

T-ring, t-ring cò tha siud?

Clap your hands together as you sing 't-ring t-ring'.

Pretend to answer the phone as you sing 'hàlo hàlo'.

Point your finger into the distance as you sing 'Morag bheag aig ceann an rathaid'.

Use your hand to beckon as you sing 'Thigibh uile nall air chèilidh'.

Group activity

Split the group into two and ask one half to sing the first part while the second group sings the other part as below:

Verse 1

Group A - T-ring t-ring

Group B - Cò tha siud?

All - Cò tha siud a'fònadh?

Verse 2

Group A - Hàlo hàlo

Group B - Cò tha siud?

All - Cò tha siud a'fònadh?

Verse 3

Group A


Verse 4

Group B

Inbheach agus leanabh

Buail do bhoisean ri chèile nuair a tha thu a' seinn 't-ring, t-ring'.

Mìm gu bheil thu a' freagairt a' fòn nuair a tha thu a' seinn 'hàlo, hàlo'.



Le do chorrach taobhaich gu cian nuair a tha thu a' seinn 'Mòrag bheag aig ceann an rathaid'.

Cleachd do làmh gus smèideadh nuair a tha thu a' seinn 'Thigibh uile nall air chèilidh'.

Gnìomh buidhne

Dèan dà bhuidheann (Buidheann A agus Buidheann B). Faodaidh iad seinn mar a leanas:

Rann 1:

Buidheann A: T-ring, t-ring

Buidheann B – Cò tha siud?

A & B: Cò tha siud a' fònadh?

Rann 2:

Buidheann A: Hào, hào

Buidheann B: Cò tha siud?

A & B: Cò tha siud a' fònadh?

Rann 3:

Buidheann A

Rann 4

Buidheann B

Experiences & Outcomes

Expressive arts

EXA 0-16a / EXA 0-14a

Gaelic (learners)

LGL 0-01a / LGL 0-05a / LGL 0-07a / LGL 0-08a

LGL 0-02a

Literacy and Gàidhlig

LIT 0-01a / LIT 0-11a / LIT 0-20a



Bodach Mòr na Nollaig



Tha còta dearg is bòtannan dubh,
Tha còta dearg is bòtannan dubh,
Tha còta dearg is bòtannan dubh,
Air bodach mòr na Nollaig.

Feusag gheal is бага mòr,
Feusag gheal is бага mòr,
Feusag gheal is бага mòr,
Air bodach mòr na Nollaig.

Thig bodach na Nollaig sìos an similear,
Thig bodach na Nollaig sìos an similear,
Thig bodach na Nollaig sìos an similear,
Aig an taigh, agamsa.

Adult and child

Bodach Mòr na Nollaig

Clap hands in time to the music with your child.

Mime putting on the clothes described in the song as they are mentioned.

Tap your fingers down your child's arm as you sing 'sìos an sìmilear'

Draw a colourful picture of Bodach Mòr na Nollaig as you listen. Don't forget his red coat and black boots!

Group activity

Clap hands in time with a partner as you sing to the music during the verse.

Walk round in a circle holding hands as you sing the chorus. Try to walk to the beat.

Stay where you are and drop slowly to the floor as you sing 'Thig bodach na Nollaig sìos an sìmilear'


Inbheach agus leanabh

Buail do bhoisean ann an tìm ris a' cheòl le do leanabh.

Mas fhìor gu bheil thu a' cur ort an aodach mar a tha e anns an t-òran.

Suath do chorragan, gu socair, sìos gàirdean do leanabh nuair a tha thu a' seinn 'sìos an t-similear'.

Dèan dealbh dathte de Bhodach na Nollaig fhad 's a tha thu ag èisteachd.
Na dìochuimhnich a' chòta dheirg agus na bòtannan dubha aige.



Gnìomh buidhne

Buail do bhoisean ann an tìm le cuideigin eile fhad 's a tha thu a' seinn an t-òran.

Coisich timcheall ann an cearcall, a' cumail làimh air càch a-chèile, fhad 's a tha thu a' seinn an t-sèist. Feuch ri coiseachd le bhith a' cumail a bhuille.

Fuirich far a bheil thu agus gluais chun an làr fhad 's a tha thu a' seinn 'Thig Bodach na Nollaig sìos an t-similear'.

Experiences & Outcomes

Expressive arts

EXA 0-16a / EXA 0-14a

Gaelic (learners)

LGL 0-01a / LGL 0-05a / LGL 0-07a / LGL 0-08a
LGL 0-02a

Literacy and Gàidhlig

LIT 0-01a / LIT 0-11a / LIT 0-20a


Social Sciences

SOC 0-07a




Tuilleadh ghoireasan






A m P o s t





Aon Chorróg
Bheag







Bai Ó Ohó

Órain Na Cloinne Bige




aonad ioma - mheadhain





Bàta
Sheumais






Bodach Mòr
na Nollaig






B U S M Ò R





cóig
bonnach
bheaga







Cuir do
lámhan air
do cheann

Órain Na Cloinne Bige





aonad ioma - mheadhain





cat mòr







Air an Each






Penelope






l a o c h






sín suas
órd







b a g a






balach







An Rocaid







b o n a i d






Tha mise
mòr





Tréan



T-ring, t-ring

Notaichean



Notaichean



Notaichean



Notaiçean



Notation





aonad ioma - mheadhain




Comhairle nan Eilean Siar



University of the
Highlands and Islands
Lews Castle College

Oilthigh na Gàidhealtachd
agus nan Eilean
Colaisde a' Chaisteil



Stòras Uibhist
Going forward together